



dealbh is dèan

obair phractaigeach.....1-38

piotsa (1-8), cèicichean rock (9-10), brot (11-12), cèic cool (13-14),
obair buidhne (15), duilleag-taice (16), ceapaire tost (17),
dùbhlain a' ghourmet (18-19), cuspair an dùbhlain (20-21),
duilleag-clàraidh (22-24), an co-dhùnadh (25), duilleag cosgais (26),
duilleag reasabaidh (27), duilleag-measaidh (28), an cuisean (29-30),
rannsachadh (31-34), ceumannan (35-38)

a' tuigsinn stuthan.....39-43

sgrùdadh mothachaidh44-50

sònrachadh 51-53

measadh 54

smachd air mathas55-56


a' rannsachadh57-63

sanasachd64-67



obair
phractaigeach

piotsa



Ainm:

Clas:

Ceann-latha
a' mheasaidh:



obair
phractaigeach

piotsa - stiùireadh dealbhaidh



Dèan feum dhen eòlas a tha agad mu bhith ag ithe gu fallain gus piotsa fallain a dhealbhadh 's a dhèanamh.

Fiosrachadh riatanach

- Tha dà thràth agad airson do phiotsa a phlanadh
- Tha aon tràth agad airson do phiotsa a dhèanamh
- Bidh do charaid gad mheasadh fhad 's a tha thu ag obair
- Tha aon tràth agad airson measadh a dhèanamh air do phiotsa is air d' obair

Thoir sùil air an reasabaidh.



A-nis, beachdaich air dè na stuthan a dh'atharraicheadh tu no a chuireadh tu ris an reasabaidh gus an dèan thu piotsa fallain.



obair
phractaigeach

piotsa - stiùireadh dealbhaidh



Sgrìobh an reasabaidh ùr agad gu h-ìosal.

Reasabaidh: Dè dh'fheumas mì?

Stuthan

Teòthachd na h-àmhainn

Uidheaman

Dè nì mi:

1. Dèan deiseil airson còcaireachd.
2. Cruinnich na h-uidheaman.
3. Cruinnich na stuthan.



obair
phractaigeach

piotsa - plana



- Dèan am piotsa. Dèan feum dhen reasabaidh is dhen phlana-obrach.
- Cuimhnich air slàinteachas is sàbhailteachd sa chidsin.
- Dèan measadh cùramach air do charaid.

A' blasad air

Ainmean	★ ★ ★	★ ★	★	Beachdan



obair
phractaigeach

piotsa - dèan measadh



Thoir sùil air an duilleig bho do charaid a rinn measadh ort. Lìon a-steach an duilleag-measaidh gu h-ìosal.

Fèin-mheasadh

Rinn mi seo gu math:

Dh'fhaodainn a bhith air:

An-ath-turas, feumaidh mi amas air:



obair phractaigeach

piotsa - measadh air an stiùireadh dealbhaidh



Thoir sùil air an duilleig bho do charaid a rinn measadh ort. Lìon a-steach an duilleag-measaidh gu h-ìosal.

An do chòrd an obair dealbh is dèan seo riut?

Thoir seachad adhbhar carson.

An do choilean thu na bha ri dhèanamh?

Dè b' fheàrr a chòrd riut?

An robh thu toilichte leis a' phiotsa a rinn thu?

An robh blas math air a' phiotsa?

An do dh'obraich am plana-obrach agad?

An robh duilgheadasan sam bith agad?

Ma bha, dè bha ann?

Nan dèanadh tu seo a-rithist, an atharraicheadh tu rud sam bith?

Nan atharraicheadh, dè bhiodh ann?

Sgrìobh dà rud a dh'ionnsaich thu bhon aonad seo.

An do choilean thu na targaidean agad?



obair phractaigeach

cèicichean rock

(Ann an gnìomhachas a' bhìdh, canar reasabaidh 'gash' ri reasabaidh bunaiteach)

Stuthan

- 100g flùr geal SR
- 25g coirce brochain
- 1.25ml spàin bheag rèidh de phùdar fuine
- 50g margarain
- 1 ugh air a bhualadh

Uidheaman

- 1 treidhe-fuine
- 2 truinnsair mhòr
- 2 thruinnsair bheag
- 1 treidhe-fuarachaidh
- 2 spàin mheadhanach
- 1 forca
- 1 sgian le lann cruinn
- 1 spàin bheag
- 1 spàin mhòr
- 1 sìoltachan
- 1 bobhla mòr
- 1 cupa
- 1 crathadair flùir

Dè nì mi?

1. Cuir air an àmhainn aig 180°C airson àmhainn le gaotharan/200°C airson àmhainn àbhaisteach.
2. Crath beagan flùir air an treidhe-fuine.
3. Cuir am flùr tro shìoltachan is cuir dhan bhobhla e.
4. Cuir ris am margarain is measgaich còmhla iad gus am bi am measgachadh mar chriomagan arain.
5. Cuir ann blasaichearan, coirce brochain, siùcar is pùdar-fuine.
6. Dèan lag ann am meadhan a' mheasgachaidh.
7. Dòirt ann an t-ugh.
8. Nigh do làmhan an dèidh an t-ugh a làimhseachadh.
9. Measgaich a h-uile càil gus am bi e na thaois neo-bhog.
10. Cuir 6 làn spàinean meadhanach air an treidhe.
11. Bruich anns an àmhainn gus a bheil iad òr-dhonn.

obair
phractaigeach

cèicichean rock



Ceum 1 – thoir sùil air an **Liosta Bhlasaichearan** is beachdaich orra

Ceum 2 – tagh **2/3 blasaichearan is rudan a chuireas ris a' bhlas**

Bruidhinn ris an tidsear ma tha thu a' dol a thaghadh barrachd air 3 blasaichearan

Ceum 3 – tomhais na blasaichearan is cuir iad anns a' mheasgachadh thioram aig **Stiùireadh 5** den reasabaidh

Liosta bhlasaichearan

Spìosraidhean (beachdaich is leig leis na sgoilearan an uimhir a tha iad ag iarraidh a thaghadh)

Cardamoms uaine shlàn
Dinnsear pronn
Spìosradh measgaichte
Clomhais pronn
Caineal pronn
Chilli
Coiridh

Measgachadh de rudan

Càise (1 spàin mhòr cruinn)
Hama bhruich (1 spàin mhòr cruinn)
Còco (pùdar) (1 spàin mhòr rèidh)

Lusan (1 spàin bheag rèidh)

Lus-an-rìgh
Basil
Slàn-lus
Meannt
Peirsill tioram

Measan

Rùsg liomaid (1 spàin bheag)
Rùsg teile (1 spàin bheag)
Rùsg orainseir (1 spàin bheag)
Daileagan (1 spàin mhòr cruinn)
Braoileagan (1 spàin mhòr cruinn)
Ubhal (1 spàin mhòr cruinn)
Cnò-còco (1 spàin mhòr cruinn)
Sultanathan (1 spàin mhòr cruinn)
Siristean (1 spàin mhòr cruinn)
Rèiseidean (1 spàin mhòr cruinn)

Rudan a chuireas ris a' bhlas

25g Siùcar mìn
Deagh chadag shalainn
Deagh chadag phiobair



obair phractaigeach

brot

(Ann an gnìomhachas a' bhìdh, canar reasabaidh 'gash' ri reasabaidh bunaiteach)

Stuthan

- tagh 1 pòr-cohallach
- tagh 1 ghlasraich meacanach
- tagh 2 ghlasraich eile bho
- bhuidheann sam bith eile
- tagh an sùgh agad

Ma thogras tu:

- lusain/blasaichearan
- salann is piobar
- 1 spàin mhòr ola glasraich

Uidheaman

- sgrìobair
- sgian airson glasraich a ghearradh
- bòrd-gearraidh
- sgeileid bheag/poit
- clàr-poite
- spàin fhiodha
- spàin mhòr
- spàin bheag

Roghainnean dealbhaidh

Pòr cochallach (100g)

- Leantailean dearga (sgol iad is cuir am bogadh iad)
- Peasraichean sgoilte (sgol iad is cuir am bogadh iad)
- Peasraichean uaine
- Pònair soya

Glasraich bhalgach (geàrr iad nam pìosan beaga)

- Buntàta

Glasraich dhuilleagach (geàrr nam pìosan iad)

- Broccoli
- Buinneagan Bruisealach
- Colag
- Càl

Meacan (geàrr e na shlisean mìne)

- 1 Uinnean
- 1 Creamh
- 1 Uinnean earraich
- 1/4 Creamh-gàrraidh

Measgachadh de ghlasraich (geàrr nam pìosan iad)

- Piobar dearg
- Piobar buidhe
- Piobar uaine
- Mearag bheag

Glasraich fhreumhach (geàrr iad le sgrìobair)

- Currain
- Snèipean
- Curran geal



obair phractaigeach

brot

(Ann an gnìomhachas a' bhìdh, canar reasabaidh 'gash' ri reasabaidh bunaiteach)

Lusan (1 spàin bheag rèidh)

- Lus-an-rìgh
- Basil
- Slàn-lus
- Meannt
- Peirsill tioram
- Lus a' choire

Sùgh (600ml uisge teth is cuir 1 chiùb stoc ris)

- Cearc
- Hama
- Mairtfheòil
- Uanfheòil
- Glasraich

Blasaichearan

- Sùgh orains (400ml sùgh + 200ml sùgh orains)
- Sùgh ubhail (400ml sùgh + 200ml sùgh ubhail)
- Leth spàin bheag (Cuir ann seo aig Stiùireadh 4) pùdar coiridh
- 1 Spàin mhòr càise (Cuir seo ann aig an deireadh) air a ghearradh le sgrìobair
- 1 Sliseag hama air (Cuir ann seo aig Stiùireadh 3) a gearradh na piosan

Dè nì mi?

1. Tomhais na stuthan uile.
2. Deasaich a' ghlasraich uile.
3. Teasaich an ola gu socair is cuir ann a' ghlasraich 'mheacanach' is leig leotha fàs bog is soilleir donn.
4. Dòirt ann an sùgh is thoir chun na goil e.
5. Ma tha thu a' cleachdadh leantailean/peasraichean sgoilte, sgoil iad ann an uisge fuar. Cleachd sìoltachan airson seo.
6. Cuir na leantailean dhan uisge ghoileach, cuir mun cuairt iad is dèan èarr-bhruich air.
7. Dèan èarr-bhruich air a' bhrot airson còig mionaidean fichead no gus a bheil na leantailean bog.
8. Cuir ris glasraich sam bith eile a tha thu air a dheasachadh
9. Cuir salann is piobar ann.
10. Riarraich a-mach e mar a tha e no coimeasgaich e ann an inneal-coimeasgachaidh an toiseach.



obair phractaigeach

cèic 'cool'- notaichean an tidseir


- Feumaidh tu treidhe eadar-dhealaichte a dheasachadh dha gach buidheann
- Cuir cèic, mìlseag agus sgeadachadh eadar-dhealaichte air gach treidhe
- Deasaich nàdar de 'Bhòrd lomlaid'
- Mura toigh leotha stuth air choreigin, faodaidh iad a h-iomlaid aig a' Bhòrd lomlaid

Eisimpleir treidhe

2 Swiss roll ↔ Chocolate Finger Biscuits

Butter Icing ↔ Jelly Tots

Coloured jelly laces ↔ Dath Bìdh





obair phractaigeach

a' dèanamh cèic 'cool'

- Tha **4 pìosan-obrach** agad ri dhèanamh
- Feumar gach pìos-obrach a chrìochnachadh ann an àm
- Mura h-eil thu cinnteach dè tha agad ri dhèanamh – faighnich dhan tidsear!

Obair 1 – A' beachdachadh (5 mionaidean)

Dèan liosta de thachartasan far am biodh e freagarrach cèic a bhith ann

Obair 2 – A' dealbh (10 mionaidean)

1. Thoir sùil air na stuthan a tha air an treidhe agad. (Cha leig thu leas a h-uile stuth a chleachdadh)
2. Thoir sùil air na uidheam a tha agad
3. **Tagh aon tachartas** airson am feumadh tu cèic
4. Dealbh cèic a fhreagras air an tachartas sin

Obair 3 – A' dèanamh (40 mionaid)

1. **Cuimhnich air** sàbhailteachd nuair a tha thu ag obair
2. Glan is sgioblaich fhad 's a tha thu a' dol air adhart
3. Na dèan ana-caitheamh air stuthan
4. Dèan cinnteach gu bheil obair aig a **h-uile neach**
5. Tog dealbh dhen **bhuidheann 's dhen chèic nuair a tha sibh deiseil**
6. Feumaidh tu taisbeanadh goirid ullachadh

Obair 4 – A' taisbeanadh do chèic (5 mionaidean)

Feumaidh na leanas a bhith ann:

- An tachartas airson a bheil a' chèic
- Dè rinn thu?
- An do dh'obraich e a-mach mar a bha dùil agad?
- Ciamar a ghabhadh a' chèic a bhith na b' fheàrr?



obair
phractaigeach

obair buidhne

Duilleag Freagairt

Ainm Ceannard a' Bhuidhinn

Buill a' Bhuidhinn

Obair 1 - Beachd-smuain air dealbh – dèanaibh dealbhan beaga le peansail is cuiribh cinn riutha

Obair 2 - Dèanaibh liosta de na stuthan a bharrachd a tha sibh a' cleachdadh

Obair 3 - Notaichean Measaidh

Obair 4 - Dèan dealbh didseatach/dealbh den bhathar a rinn sibh



obair phractaigeach

duilleag-taice

Cò dha a tha a' chèic?
Dè bu toigh leis an neach sin?
Smaoinich air dath...

Geàrr a' chèic mar cheapaire
no geàrr na slisean i

Cuir dàth anns a' mhilseig
Cleachd stuth airson dath
a chur air biadh no cleachd
còco air a shìoladh

Cuir pìosan dhen chèic ri
chèile le mìlseag – siùcar/silidh
air a leaghadh san àmhainn
mhicrowave airson diog no dhà

Dèan a' mhilseag – siùcar bog air
a mheasgachadh ann am bobhla
le drudhag bhainne, me 1 spàin
mhòr

- Airson àireamhan, cleachd pìosan cairt
- Cleachd sgeadachadh a ghabhas ithe airson snas a chur air a' chèic



obair
phractaigeach

ceapaire tost

Stuthan

2 shlis arain
margarain/ìm

Tagh 3 às an liosta seo:

feòil fhuar
càise
ugh air a bhruich gu cruaidh
leatas
tomàto
cularan

Tagh 1 às an liosta seo:

- mayonnaise
- picil

Uidheaman

- truinnsear
- sgian le lann cruinn
- sgian a ghearras glasraich
- bòrd-gearraidh
- sgrìobair
- inneal-tostaidh cheapairean

Dè nì mi?

1. Cruinnich na h-uidheaman.
2. Teasaich an t-inneal ro-làimh. Cuimhnich gum fàg thu fosgailte e.
3. Cruinnich na stuthan.
4. Deasaich na tha thu a' dol a chur dhan cheapaire.
5. Cuir ìm air AON taobh dhen dà shlis arain.
6. Cuir mayonnaise/picil air AON shlis (air an taobh gun ìm).
7. Air uachdar sin, cuir na thagh thu airson a dhol dhan cheapaire.
8. Cuir an t-slis arain eile air uachdar sin (an taobh leis an ìm air an taobh a-muigh).
9. Cuir dhan an inneal e. Dùin an t-inneal.
10. Bruich airson 5-10 mionaidean gus am bi an ceapaire òr-dhonn is bruich chun a' mheadhain.



obair
phractaigeach

dùbhlain a' ghourmet



Cuspair an dùbhlain

Dealbh agus deasaich aon chùrsa de dhinnear – an dàrna cuid cùrsa annlainn no cùrsa mìlsein – a sheallas dhan luchd-turais a bhios a' tighinn dhan Eilean Sgitheanach as t-samhradh a liuthad dòigh anns an gabh toradh ionadail a chleachdadh anns a' chidsin.

Chan eil math dhuibh sgillinn a bharrachd air £5 a chosg air a' chùrsa.

Ainm a' bhuidhinn:

Buill a' bhuidhinn:

Clas:

**obair
phractaigeach****dùbhlán a' ghourmet****Duilleag deilbh is planaiddh**

Àireamh Seachdain	Deit	Obair ri crìochnachadh	Nuair deiseil

Feumaidh sibh cunntas a chumail air na nì sibh gach seachdain



obair
phractaigeach

cuspair an dùbhlain (Dè tha agaibh ri dhèanamh)



Dealbh agus deasaich aon chùrsa de dhinnear – an dàrna cuid cùrsa annlainn no cùrsa mìlsein – a sheallas dhan luchd-turais a bhios a' tighinn dhan Eilean Sgitheanach as t-samhradh a liuthad dòigh anns an gabh toradh ionadail a chleachdadh anns a' chidsin. Chan eil math dhuibh sgillinn a bharrachd air £5 a chosg air a' chùrsa.

Mus tòisich sibh air beachdachadh air a' bhiadh a dh'fhaodadh sibh a dheasachadh, tha corra rud ann a dh'fheumas sibh a chumail air chuimhne:

1. Feumaidh e a bhith eadar-dhealaichte bho chùrsa sam bith a tha ri fhaighinn ann an taigh-bìdh, cafaidh no taigh-òsta
2. Feumaidh toradh ionadail a bhith mar phrìomh bhiadh anns a' chùrsa – sin biadh a thàinig bho bheathach a thogadh san Eilean no biadh a chaidh fhàs anns an Eilean no biadh a thàinig às a' chladach no às a' mhuir mu thimcheall an Eilein
3. Feumaidh e a bhith freagarrach airson a chur air beulaibh luchd-turais an t-samhraidh
4. Chan eil math dhuibh barrachd air £5 a chosg air a' chùrsa
5. 'S e cùrsa a bhios daoine ag iarraidh ithe a dh'fheumas a bhith ann

Sgrìobhaibh puingeann sam bith eile a dh'fheumadh sibh beachdachadh air:

Na beachdan agus na seòrsachan bìdh a b' fheàrr leinn a chleachdadh

**obair
phractaigeach****cuspair an dùbhlain –
rannsachadh**

Tha fios gu bheil ur cinn làn bheachdan ùra a-nis!

Ach bidh fiosrachadh àraid a dhìth oirbh mus tig sibh gu co-dhùnadh.

Airson am fiosrachadh seo fhaighinn feumaidh sibh rannsachadh a dhèanamh.



A-nis tha agaibh ri trì rudan a thaghadh airson an rannsachaidh.

Feumaidh cosgais a' chùrsa a tha sibh an dùil a dheasachadh a bhith air aon dhe na rudan sin.

1. Dè na chosgais an cùrsa a tha sinn an dùil a dheasachadh?
2.
3.

Cuimhnichibh gun lìon sibh Ceum 1 agus Ceum 2 air duilleag-clàraidh mus tòisich sibh. Feumaidh sibh Duilleag-clàraidh air leth airson gach rannsachaidh.

Cleachdaibh ur deotaran airson notaichean a chumail fhad 's a tha gach rannsachadh a' dol air adhart.

Nuair a tha rannsachadh àraid deiseil, lìonaibh Ceum 3 agus Ceum 4 air an duilleag-clàraidh a tha sibh a' cleachdadh air a shon.

Tha e uabhasach cudromach gum planaig sibh gach rannsachadh gu math an toiseach agus gum bi sibh cinnteach mu dè dìreach am fiosrachadh a tha sibh airson a bhith agaibh air a' cheann thall.

**GABHAIBH AIR UR SOCAIR!
SMAOINICHIBH MUS TÒISICH SIBH.**

Am fear nach seall roimhe bidh è sealltainn fad' às a dhèidh!



obair
phractaigeach

rannsachadh 1: duilleag-clàraidh

Cuimhnichibh gun cleachd sibh duilleag-clàraidh air leth airson gach rannsachaidh.

Ceum 1 - Cuspair an rannsachaidh: Am fiosrachadh a tha a dhìth oirbh.

Ceum 2 - Innsibh ann am beagan fhaclan mar a nì sibh an rannsachadh. Cuimhnichibh gun lìon sibh òrdan bìdh ma tha biadh sam bith ri cheannach.

Ceum 3 - Toradh an rannsachaidh: Dè am fiosrachadh a fhuair sibh?

Ceum 4 - Co-dhùnadh an rannsachaidh: Dè tha an rannsachadh seo a' dearbhadh?

Ciamar?



obair
phractaigeach

rannsachadh 2: duilleag-clàraidh

Cuimhnichibh gun cleachd sibh duilleag-clàraidh
air leth airson gach rannsachaidh

Ceum 1 - Cuspair an rannsachaidh: Am fiosrachadh a tha a dhìth oirbh.

Ceum 2 - Innsibh ann am beagan fhaclan mar a nì sibh an rannsachadh.
Cuimhnichibh gun lìon sibh òrdan bìdh ma tha biadh sam bith ri cheannach.

Ceum 3 - Toradh an rannsachaidh: Dè am fiosrachadh a fhuair sibh?

Ceum 4 - Co-dhùnadh an rannsachaidh: Dè tha an rannsachadh seo a' dearbhadh?

Ciamar?



obair
phractaigeach

rannsachadh 3: duilleag-clàraidh

Cuimhnichibh gun cleachd sibh duilleag-clàraidh
air leth airson gach rannsachaidh

Ceum 1 - Cuspair an rannsachaidh: Am fiosrachadh a tha a dhìth oirbh.

Ceum 2 - Innsibh ann am beagan fhaclan mar a nì sibh an rannsachadh.
Cuimhnichibh gun lìon sibh òrdan bìdh ma tha biadh sam bith ri cheannach.

Ceum 3 - Toradh an rannsachaidh: Dè am fiosrachadh a fhuair sibh?

Ceum 4 - Co-dhùnadh an rannsachaidh: Dè tha an rannsachadh seo a' dearbhadh?

Ciamar?



obair
phractaigeach

an co-dhùnadh!



Tha sibh air ur cinn a chur ri chèile agus air tighinn gu aonta mun chùrsa a tha sibh a' dol a dheasachadh.

A-nis dèanaibh dealbh dhen chùrsa agaibh anns a' bhogsa seo. Feumaidh sibh ainm a thoirt air a' chùrsa agus ainm a chur ris gach seòrsa bìdh a tha ann.

Ainm a' chùrsa:



obair
phractaigeach

duilleag cosgais

Ainm a' chùrsa:

Ainm a' bhìdh	Prìs	Cuideam/meud pacaid	Na dh'fheumas an cùrsa seo	Cosgais airson a' chùrsa seo
Cosgais a' Chùrsa gu h-iomlan				£

Ainmean buill a' bhuidhinn _____

Clas _____

Clas _____



obair
phractaigeach

duilleag reasabaidh

Ainmean buill a' bhuidhinn:

_____ Clas _____; Clas _____

Ainm a' chùrsa _____

Seòrsachan bìdh. (Dèan liosta dhe gach seòrsa bìdh sa chùrsa agus na dh'fheumar dheth)

me 50g flùr plèan



Deasachadh. (Mar a nì sibh an cùrsa, ceum air cheum)

- me
1. Cruinnich gach seòrsa bìdh air am bi feum
 2. Cuir air an àmhainn agus teasaich gu ...





obair phractaigeach

duilleag-measaidh



Smaoinichibh air na riaghailtean a chaidh iarraidh oirbh a leantainn anns an dùbhlán seo. Anns na bogsaichean gu h-ìosal sgrìobhaibh ur barail mu na riaghailtean sin agus innsibh carson a tha sibh dhen bharail sin.

Feumaidh an cùrsa a bhith eadar-dhealaichte bho chùrsa ri fhaighinn ann an taigh-bìdh, cafaidh no taigh-òsta.

Feumaidh toradh ionadail a bhith mar phrìomh bhiadh anns a' chùrsa.

Feumaidh an cùrsa a bhith freagarrach airson a chur air beulaibh luchd-turais an t-samhraidh.



Chan eil math dhuibh sgillinn a bharrachd air £5 a chosg air a' chùrsa.

'S e cùrsa a bhios daoine ag iarraidh ithe a dh'fheumas a bhith ann.



obair phractaigeach

an cuisean



- Rud a chaidh a dhealbh bho thùs airson taic no cofhurtachd a thoirt dhan bhodhaig agus airson dìon a thoirt bho uachdar cruaidh no èadhar fhuar
- Tha cuid de chuisseanan fhathast air an cleachdadh airson seo ach, mar as trice, chan ann airson seo a tha iad
- Tha iad air an cleachdadh airson dathan àraidh ann an rùm a thogail no a dhèanamh nas fhollaisiche no, airson dathan, ceàrnagan is feartan a dhèanamh nas ciùine
- Faodaidh iad cuideachd beagan spòrs a chur ri rùm le bhith stèidhte air caractar cartùn no ann an cruth beathaich is msaa

'S e d' obair-sa cuisean a dhealbh agus a dhèanamh airson do rùm-cadail. Bu chòir dealbh thùsail a bhith air an aghaidh.



obair phractaigeach an cuisean

Ceum 1 - An dèidh dhut leughadh mun obair a tha agad ri dhèanamh, cuir loidhne fo na faclan a tha thu fhèin a' smaoinichadh as cudromaiche airson do chuideachadh a' faighinn freagairt.

- Ceum 2** -
- Leugh an sònrachadh dealbhaidh a-rithist
 - Smaoinich a-nis mun cheist

(Dè dh'fheumas fios a bhith agam air mus dèan mi an cuisean seo?)

Crìochan

- Meud is cumadh a' chuissein
- An stuth a tha san sgoil
- Ùine
- Thèid dealbhan a chur air le pinn airson dath a chur air aodach
- An uidheamachd a tha ri làimh

Ceum 3 - Feumaidh tu a-nis SÒNRACHADH DEALBHaidh mionaideach a dhèanamh airson a' chuissein agad.

(Nì seo cinnteach gun coinnich thu ri iarrtasan an dùbhlain)

Sònrachadh Dealbhaidh

- Feumaidh an cuisean agam a bhith...

- _____
- _____
- _____
- _____
- _____

Ceum 4 - Bidh thu a-nis a' rannsachadh airson fuasgladh dhan cheist.

(Coimhead air duilleag 1 airson cuideachadh)

obair
phractaigeach

rannsachadh 1



Dè na prìomh rudan a tha a' toirt buaidh air fasan dheugairean an-dràsta?



Bruidhinn ris an tidsear mus tèid thu air adhart.



obair
phractaigeach

rannsachadh 3



Saoil dè na cur-seachadan agus na rudan anns a bheil ùidh aig deugairean a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air an dealbhadh agam?

Faodaidh tu sgrùdadh clas a dhèanamh ma thogras tu.

Dèan a' chiad dreachd gu h-ìosal agus dreachd math air an ath dhuilleig.



Sgrùdadh air na rudan sa bheil ùidh aig deugairean



obair
phractaigeach

rannsachadh 4



Dè na seòrsaichean aodaich a tha rim faotainn agus dè na feartan agus an fheum a tha annta?



obair phractaigeach

ceum 1



Theirig air ais agus leugh an sònrachadh dealbhaidh a bh' agad a-rithist.

Le bhith a' cumail d' aire air na puingeann sin agus air toradh an rannsachaidh, dèan mar a leanas:

Cruthaich dealbhadh dhan chaisean agad a ghabhas cur air le pinn airson dath a chur air aodach.

Feuch sgeids no dhà

Dealbhadh 1

Cuimhnich gun cleachd thu dath!

Dealbhadh 2

Cuimhnich gun cleachd thu dath!



obair
phractaigeach

ceum 1 air a leantainn

Thagh mi an dealbhadh seo oir...

(cuimhnich gun coimhead thu air an t-sònrachadh dealbhaidh)

1. _____

2. _____

3. _____

4. _____

5. _____

6. _____

7. _____

8. _____



obair phractaigeach ceum 2

Cuir a-nis an dealbhadh air an aodach agus cuir crìoch air a' chuisen a rèir an stiùiridh a fhuair thu.



obair
phractaigeach

ceum 2 a' measadh d' obair

Freagair na ceistean a leanas ann an seantansan.

Dè cho math 's a bha an cuisean agad? An robh e...

Glè mhath?

Math?

Ceart gu leòr?

Nam b' urrainn dhut an obair seo a dhèanamh a-rithist, dè dh'atharraicheadh tu?

Dè na sgilean ùra a dh'ionnsaich thu nuair a bha thu a' dèanamh a' chuissein seo?

1. _____

2. _____

3. _____

4. _____



a' tuigsinn
stuthan

dè tha e a' dèanamh?

Stuth	Dè tha e a' dèanamh?
Siùcar	
Geir/Ola	
Ugh	
Flùr	
Salann	
Lionntan me uisge, bainne, sùgh-mheasan is msaa	

a' tuigsinn
stuthan

a' sgrùdadh feum stuthan



Obair – a' dèanamh atharrachadh air reasabaidh


Seo an reasabaidh 'gash' – an reasabaidh bunaiteach

- Sgrìobh air an reasabaidh na h-atharraichean a tha thu airson a dhèanamh
- Seall e dhan tidsear agad

Briosgaidean Forca

Stuthan

150g margarain
75g siùcar castar
200g flùr SR



Àmhainn 180°C

Uidheaman

- | | |
|---|---|
| <input type="checkbox"/> bobhla mòr | <input type="checkbox"/> spàin mheadhanach |
| <input type="checkbox"/> sìoltachan | <input type="checkbox"/> spaideag |
| <input type="checkbox"/> truinnsear mòr | <input type="checkbox"/> measgaichear dealain |
| <input type="checkbox"/> forca | <input type="checkbox"/> treidhe-fuine |
| <input type="checkbox"/> spàin mhòr | <input type="checkbox"/> treidhe-fuarachaidh |
| <input type="checkbox"/> greidlean | <input type="checkbox"/> clàr-poite |

Stiùireadh

1. Cuir air an àmhainn aig 180°C.
2. Tomhais na stuthan.
3. Sìolaidh am flùr is cuir air an truinnsear e.
4. Cuir am margarain is an siùcar dhan bhobhla mhòr. Measgaich e leis a' mheasgaichear dealain gus am bi e bog is geal.
5. Cuir ann am flùr beag air bheag gus a bheil e na bhall ach fhathast bog.
6. Cuir ann an cumadh buill e, meud gall-chnò, is cuir iad air an treidhe.
7. Brùth na buill le forca gus am bi iad rèidh.
8. Bruich iad san àmhainn airson 10-15 mionaidean.
9. Thoir na briosgaidean dhen treidhe le greidlean nuair tha iad fhathast blàth is cuir iad air an treidhe-fuarachaidh.





a' tuigsinn stuthan

atharrachadh air reasabaidh



Tha thu a' cleachdadh **4 seòrsachan eadar-dhealaichte de stuthan**. Tha feuman eadar-dhealaichte aca san reasabaidh seo.

- Faodaidh tu stuthan leis an **aon bhuadhan** a chur nan àite
- Feumaidh tu bhith **glè** fhaiceallach mu bhith ag atharrachadh stuthan le buadhan eadar-dhealaichte. **me a' cur ola an àite geir.**

Flùr

1. Cleachd 200g de stalc uile gu lèir

2/3 de na roghainnean seo...
 100g flùr geal (SR no Plèan)
 100g flùr làn-mhine (SR no Plèan)
 25g -50g pùdar seòclaid
 25g -50g còco
 12g cofaidh na phùdar
 50g -75g ughagan na phùdar
 50g -75g cornflour
 50g -75g polenta
 50g -75g flùr rus/semolina



Geir

2. Cleachd 150g de gheir uile gu lèir

150g bloc margarain/ìme
 150g liacradh margarain/ìme
 150g liacradh gun mhòran geire
 130ml ola glasaich

Siùcar

3. Cleachd 25g – 75g de shiùcar uile gu lèir

25g – 75g siùcar min
 25g – 75g siùcar donn/bog
 25g – 75g siùcar Muscavado
 25g – 75g siùcar-sgeadachaidh geal/blasaichte
 Milsiche – leugh an stiùradh oir tha cuid nas mìlse na cuid eile

Stuth a chuidicheas le tòcadh


4. Bu chòir an stuth seo obrachadh a-mach gu cùramach.

- Tha stuth a nì tòcadh ann am flùr SR
- Bu chòir 2.5ml/leth spàin bheag rèidh de phùdar-fuine a chleachdadh fa chomhair gach 50g de stalc anns nach eil stuth a chuidicheas le tòcadh.



a' tuigsinn
stuthan

bathar bèicearachd



Dè am fiosrachadh a tha agad?

Fiosrachadh mu fhlùr

Fiosrachadh mu shiùcar

Fiosrachadh mu thaiseachd

Fiosrachadh mu gheir

Fiosrachadh mu stuth a chuidicheas
le tòcadh

A' dèanamh, a' measgachadh,
a' tomhas

Fiosrachadh mu theòthachd

A' cur sgeadachadh air



a' tuigsinn stuthan

bathar bèicearachd na freagairtean

Duilleag fiosrachaidh do thidsearan

Dè am fiosrachadh a tha agad?

Fiosrachadh mu fhùr

'S e fhùr am prìomh stuth ann am bathar bèicearachd.

Nuair a tha e air a bhèicearachd, tha am fhùr a' dèanamh a' bhathair bèicearachd òr-dhonn.

Seòrsachan fhùir – Tha glè bheag de phròtain ann am fhùr bog no fhùr chèicichean. Tha dèanamh 'leaghadh sa bheul' air is tha e freagarrach airson briosgaidean is cèicichean a dhèanamh.

'S e fhùr meadhanach bog, le stuth a chuidicheas le tòcadh air a chur ris, a tha ann am fhùr SR.

Tha fhùr plèan meadhanach làidir is chan eil stuth a chuidicheas le tòcadh ann. Tha e glè fhreagarrach airson pastraidh is briosgaidean a dhèanamh.

Fiosrachadh mu shiùcar

Tha siùcar a' dèanamh rud milis.

Tha siùcar a' tàladh uisge. Tha sin a' cuideachadh gus bathar bèicearachd a chumail gun a bhith ro thioram.

Tha seo a' ciallachadh gun seas am bathar nas fhaide.

Tha siùcar a' cumail mheasgachaidhean aotrom is a' dèanamh cinnteach gun èirich iad.

Fiosrachadh mu thaiseachd

Feumar lionn airson stuthan eile a dhèanamh nan taois.

Faodar bainne, uisge is bainne còmhla no ugh a chleachdadh.

Tha uighean a' dèanamh mheasgachaidhean nas aotruime le dèanamh fosgailte – stuthan copach.

Cumaidh uighean na stuthan ri chèile is fuirichidh am biadh sa chruth a thathas ag iarraidh.

Tha pròtain ann an uighean is ann am bainne. Cuidichidh seo gus measgachaidhean a sheatadh nuair a tha iad air am bèicearachd. Tha uighean is bainne a' cur blas is dath air biadh.

Fiosrachadh mu gheir

Gheibhear blas is faireachadh-bèoil bho gheirean.

Cuidichidh iad le cur ris an ùine a sheasas bathar bèicearachd is ri mar a sheasas e a thaobh mathais.

Tha iad a' glacadh bhuilgeanan èadhair nuair a tha iad air am bualadh/am measgachadh. Tha sin a' dèanamh cop a tha a' toirt air cèicichean is mufainean èirigh is gan cumail aotrom.

Tha buaidh shònraichte ris an canar brisgeachadh aig geirean air measgachaidhean phastraidh is bhriosgaidean – tha seo gan dèanamh pronnagach is leaghadh iad sa bheul.

Fiosrachadh mu stuth a chuidicheas le tòcadh

Tha taiseachd a' dol na thoit nuair a thathas ga bhèicearachd.

Tha sin a' toirt tòcadh air a' bhèicearachd.

'S e stuth ann am fhùr SR a tha ann am pùdar-fuine.

Faodar pùdar-fuine a chur ri fhùr plèan.

Tha èadhar a' sgaoileadh fhad 's a tha bèicearachd a' dol air adhart. Tha sin a' toirt tòcadh air a' mheasgachadh.

A' dèanamh, a' measgachadh, a' tomhas

Tha measgachadh a' cur èadhar anns na stuthan.

Tomhas ceart: meidh, spàin mhòr, siuga-tomhais airson lionntan.

Airson briosgaidean – taois bhog ach gun a bhith cho bog 's gun steig e ri do chorragan.

Airson cèicichean is mufainean – am measgachadh a bhith bog gu leòr 's gun tuit e dhen spàin.

Fiosrachadh mu theòthachd

Anns an àmhainn, tha èadhar is stuth a chuidicheas le tòcadh a' sgaoileadh san teas. Tha seo a' toirt tòcadh air a' mheasgachadh is ga dhèanamh aotrom.

Tha teòthachd na h-àmhainn a' seatadh a' phròtain ann an ugh is bainne. Tha sin a' toirt air a' mheasgachadh seatadh.

A' cur sgeadachadh air

Faodar cèicichean, briosgaidean is mufainean a sgeadachadh le còmhach-siùcair no le craiteachan de shìol crom-luis, sesame no puimcean.

Faodar bainne no ugh air a' bhualadh a shuathadh air pastraidh. Bheir sin dath òr-dhonn air nuair a bhios e bruich.

Rudan a bharrachd – sìol (sesame, puimcean), siùcar no salann air a chrathadh air uachdar.



sgrùdadh mothachaidh

obair-sgrùdaidh

'S e sgrùdadh mothachaidh a bhith a' cleachdadh ciad-fàthan dhaoine gus buadhan bathar bìdh a sgrùdadh

Coltas cò ris a tha e coltach?

Fàileadh dè an seòrsa fàileidh a tha dheth?


Blas dè am blas a tha air?

Dèanamh cò ris a tha e coltach a bhith ga ithe?

Fiosrachadh



- 'S iad na ceithir blasan bunaiteach – **Geur, Saille, Searbh is Milis**
- 'S iad na blas-aithnichearan na buill mothachaidh a dh'aithnicheas blas
- Tha a' mhòr-chuid de na blas-aithnichearan rim faighinn air an teanga
- Air an teanga tha àitean air leth de bhas aithnichearan far an lorgar na ceithir blasan bunaiteach
- Tha iad sin air an sealltainn sna diagraman gu h-ìosal



sgrùdadh
mothachaidh

a' sgrùdadh blas

Feumaidh tu **4 measgachaidhean** rim blasad:

1. 1 spàin bheag de shalann air a mheasgachadh le 4 spàinean mòra de dh'uisge (sailhte)
2. 1 spàin bheag de shiùcar air a mheasgachadh le 4 spàinean mòra de dh'uisge (milis)
3. 1 spàin bheag de chofaidh air a mheasgachadh le 4 spàinean mòra de dh'uisge (geur)
4. 1 spàin mhòr de shùgh liomaid (searbh)
5. Cupannan pàipeir
6. Spàinean beaga
7. Glainne uisge

**Dòigh-obrach:**

1. Obraichibh ann an càraidean
2. Cuiribh na measgachaidhean ann an cupannan pàipeir le A, B, C is D sgrìobhte orra
3. Iarr air do charaid blasad air gach measgachadh. Feumaidh e/i balgam uisge a ghabhail eadar gach blasad
4. Lìon a-steach an clàr gus sealltainn cò am measgachadh a tha milis, sailhte, searbh is geur
5. Ciamar a chaidh dhut?

Clàr blasaid

Sampall	Blas
A	
B	
C	
D	



sgrùdadh
mothachaidh

beachdaich



Feumaidh tu **pannal a nì blasad** nuair a tha thu airson deuchainn a dhèanamh air biadhan a rinn thu.

Riaghailtean airson a' phannail

- Bu chòir gun aithnicheadh buill a' phannail na 4 blasan bunaiteach
- Feumaidh iad an stiùireadh a thuigsinn
- Chan fhaod iad bruidhinn no am beachdan a thoirt do chàch a chèile mura h-iarrar orra sin a dhèanamh
- Feumaidh glainne uisge a bhith aig gach ball airson balgam uisge a ghabhail eadar gach blasad
- Na cleachd ach pìosan beaga de bhiadh is cleachd uidheaman glan
- Feuch gum bi dòigh agad air toradh na deuchainn a chlàradh



Cò an seòrsa neach nach biodh freagarrach airson a bhith air pannal a nì blasad?

Cuideigin...



sgrùdadh
mothachaidh

geàrr-iomradh air biadh –
a' dèanamh diagram rionnagach



1. Tagh **5/6 slatan-tomhais** airson a' bhìdh air a bheil thu a' toirt cunntas me bog, mìn, cnapach is msaa
2. Fosgail **Excel** air a' choimpiutair
3. Taidhp a-steach mar chinn na slatan-tomhais a thagh thu
4. Tagh **luach** a-mach à còig airson gach ceann
5. Tagh an clàr le draghadh bho **A1**
6. Cliog air a' chlàr is tagh **Radar**
7. Taidhp a-steach **Tiotal** airson a' chlàir
8. Cliog a-rithist is tagh **Duilleag Ùr**
9. Cliog a-rithist is deasaich an clàr crìochnaichte le bhith **a' cliogadh air an làimh dheis** air diofar àitichean

Geàrr-iomradh air deoch bhainne seòclaid

Milis

Mìn

Fuar

Geur




Fallain



sgrùdadh
mothachaidh

am biadh dìomhair





sgrùdadh mothachaidh

tuairisgeulan mothachaidh

Dèanamh (faireachadh sa bheul)	Coltas	Blas (blas is fàileadh)
làn èadhair (aotrom) pronn rìghinn fuar brisg pronnagach cnapach tioram mìn neo-bhog le gas ann bleideagach rèidh copach slaopach gràinneanach crèiseach grinnealach cruaidh teth sùghmhor aotrom cnapach bog leaghadh sa bheul fùdarach rìghinn brisg olach mìn bog glè fliuch bog mar chèic aotrom steigeach rìghinn/cruaidh blasta tiugh tana rìghinn blàth uisgealach (làn uisge)	càilear tarraingeach soilleir fuar dathach pronnagach tioram reamhar fallain ùr crèiseach teth bog mìn glè fhliuch blasta air èirigh gu math briste cothromach òr-dhonn dorcha donn loisgte aotrom dlùth dhèanamh air taoiseach pronn dèanamh fosgailte air rìghinn mì-chàilear	searbh geur gun mhòran blas loisgte uachdarach tioram làn geire sean na ruadhan (fhuair e cus bruich) amh gun mhòran dath sailte geur/searbh glè fhliuch goirt spiosrach sean milis uisge fliuch blas geur air gun bhas blasta cha d' fhuair e bruich gu leòr làidir blas lusan air fàileadh dheth tais fàileadh cùbhraidh dheth sùghmhor beagan spiosrach làn mheasan làn ime taoiseach làn flùir meatailteach searbh annasach gun mhòran dath piobarach

sgrùdadh
motnauidh

duilleag nan toraidhean



Neach	Coltas	Blas	Dèanamh	Ìre





sònrachadh

duilleag-taice

Tha sònrachadh na phàirt cudromach de dhealbhadh. Tha e a' toirt liosta-sgrùdaidh dhut. Faodaidh tu na beachdan agad fhèin a thomhas ris.

Nuair a tha gnìomhachasan a' dealbhadh is a' dèanamh bathar ùr, bidh iad a' sgrìobhadh sònrachadh air an son.



Can gu bheil thu a' dol a cheannach brògan-trèanaidh ùr. Bidh thu airson gum bi iad:

- Làidir
- Cofhurtail
- Air an ceangal le barraillean
- Anns a' mhòr-chuid geal
- Uisge-dhìonach
- Fallas-shùghach
- Sùbailte an caitheamh

Tha sònrachadh na chuideachadh nuair a bhios am bathar deiseil agus a bhios tu ga mheasadh

'S e slat-tomhais a tha ann an sònrachadh



sònrachadh

duilleag-taice eisimpleir 1

**Stiùireadh Dealbhaidh**
(an dùbhlán agad)

Dealbh is dèan briosaigean airson na sgoil-àraich ionadail.

SÒNRACHADH

Feumaidh na briosaigean a bhith a rèir nan slatan-tomhais a leanas:

Mathas Gun cus siùcair a bhith annta**Cosgais** Gun a bhith a' cosg barrachd air deich sgillinn an tè**Blas, Stuthan** Blas seòclaid a bhith orra**Coltas, Buidheann Amais** A bhith tarraingeach do chloinn na sgoil-àraich**Slàinteachas** A bhith air an dèanamh ann an dòigh shlàinteachail**Dèanamh** A bhith pronn rin ithe**Cumadh** A bhith cruinn**Furasta an deasachadh** A bhith air an deasachadh is air am bruich ann an 100 mionaid**Mathas** A bhith pailt ann am freumhaig (NSP)



sònrachadh

duilleag-taice eisimpleir 2



Stiùireadh Dealbhaidh (an dùbhlán agad)



Dealbh is dèan inneal a
ghleidheas fòn-làimhe

SÒNRACHADH

Feumaidh an t-inneal a bhith a rèir
nan slatan-tomhais a leanas:

A bhith air a dhèanamh de stuth làidir a sheasas

BUADHAN

A bhith air a dhùnadh air a' mhullach le putan

COMHARRAN

A bhith saor a dhèanamh

COSGAIS

A bhith air a dhaingneachadh aig na h-oirean

MODHAN-OBRACHAIDH

A bhith freagarrach do dheugairean

BUIDHEANN AMAIS

A bhith stèidhichte air cartùn

CUSPAIR

A bhith beagan nas motha na am fòn-làimhe
ach am bi e furasta

MEUDACHD

Còmhdach tarraingeach a bhith air a rinneadh
leis a' bheairt-fuaigheil

COLTAS, DEALBHADH

A bhith air a dhèanamh bho stuthan
ath-chuartaichte

AN ÀRAINNEACHD



measadh

dealbh didseatach/dealbh
dhen bhathar a rinn sibh

Measadh:

Ainm:

Clas:

Leugh am fiosrachadh bhon obair dealbh is dèan agad.
Freagair na ceistean gu h-ìosal.

1. An robh thu toilichte leis a' bhathar a rinn thu?	Bha/cha robh	Bha mi dhen bheachd seo oir...
2. Minich gu soilleir dè rinn thu gus an obair a choileanadh.		
3. An robh trioblaidean sam bith agaibh?		
<ul style="list-style-type: none"> A' dèanamh a' bhathair 		
<ul style="list-style-type: none"> Ag obair mar bhuidheann 		
4. Mol dà atharrachadh a dhèanadh tu ris a' bhathar agad gus am biodh e nas fheàrr:		

smachd air
mathas

sgrùdadh



Tha deuchainnean sgrùdadh mothachaidh nan cuideachadh do ghnìomhachas a' bhìdh gus bathar a dhèanamh sa bheil an aon mathas a h-uile uair a nì iad e is a reiceas iad e.

Tha mathas sa bhathar gu math cudromach ma tha luchd-ceannaich a' dol a chumail orra ga cheannach.

Eileamaidean eile ann an Smachd air Mathas...

Am measg eileamaidean cudromach eile ann an smachd air mathas, tha:

- **Sàbhailteachd bìdh** – tha slàinteachas pearsanta is slàinteachas bìdh cudromach gus bathar bìdh a dhèanamh a tha sàbhailte ithe
- **Dath** – me feumaidh e bhith òr-dhonn
- **Meud is cumadh** – me radius 7cm
2cm tiugh
- **Dèanamh** – me bog is spongach
- **Mathas** – feumaidh 10g geire gach 100g,
20g siùcair gach 100g a bhith ann
- **Cuideam** – feumaidh cuideam gach cèic a bhith eadar 60g is 70g
- **Àireamh** – an àireamh ann am paca





a' rannsachadh

diofar dhòighean air rannsachadh a dhèanamh



Duilleag-taice

- A' cur às a chèile
- Ceisteachan/sgrùdadh
- Turas gu bùithtean/turas oideachail
- Sealltainn
- A' faighinn fiosrachadh bho leabhraichean, CD-Roms/bhidiothan is msaa
- A' dol air an eadar-lìon
- A' dèanamh deuchainn
- Dèan modail/tùs-samhail
- Agallamhan còmhla ri eòlaichean
- Beachdachadh air far a bheil na prìomh phuingeann air an clàradh ann an sgrìobhadh
- Cosgais/sùil air prìsean
- Mion-sgrùdadh air mathas
- Cunntas air daoine





a' rannsachadh a' cur bathar bìdh às a chèile



Gus faighinn a-mach cò dheth a tha bathar bìdh air a dhèanamh is ciamar a tha e air a dhèanamh, bidh sinn ga thoirt às a chèile.

'S e cur às a chèile a chanas sinn ri seo.


Ma nì sinn rannsachadh air bathar bìdh a tha againn cheana, gheibh sinn smuaintean mu bhathar ùr a dhealbhadh.



Uidheam

Feumaidh tu na gnothaichean a leanas:

- Truinnsearan
- Rùilear plastaig (a ghabhas a nighe)
- Spàin
- Bòrd-gearraidh
- Camara didseatach
- Meidh dhidseatach eileagtronaigeach
- Measgachadh de sgeinean
- Leabhar-sgrìobhaidh is peansail/dictafòn
- Clingfilm
- Maicreasgop Intel/Sganair



Gnìomhan

1. Dèan dealbh/tog dealbh dhidseatach den bhathar bìdh
2. Thoir sùil air an eisimpleir gu h-ìosal gus faighinn a-mach dè am fiosrachadh a dh' fheumas tu
3. Gus am fiosrachadh fhaighinn, feumaidh tu coimhead air:
 - An còmhdach a tha air (An stuth pacaidh)
 - A' bhileag a tha air
 - Am bathar bìdh
4. Thoir am bathar bìdh às a chèile gu cùramach is tomhais earrannan eadar-dhealaichte dheth
5. Nuair a tha thu a' dèanamh rannsachadh air cuid de bhathar, faodaidh tu tar-dhealbh dheth a ghearradh às. Cleachd sgian is bòrd-gearraidh airson seo
6. Cuir clingfilm mun cuairt air is cur dhan sganair e. Faodaidh tu cuideachd dealbh a thogail leis a' mhaicreasgop Intel
7. Cùm cunntas air an fhiosrachadh agad nad leabhar-sgrìobhaidh no clàr e leis an dictafòn agad



a' rannsachadh eisimpleir





a' rannsachadh a' dealbhadh cheisteachan

Gus faighinn a-mach dè tha daoine a' smaoinichadh, feumaidh tu ceistean a chur orra.



1. A' dealbhadh cheisteachan

- Dè tha thu airson fhaighinn a-mach?
- Sgrìobh tiotal
- Dèan dreachd an toiseach



2. A' sgrìobhadh a' cheisteachain

- Faighnich na ceistean furasta an toiseach
- Cleachd ceistean a dh' fhaodar a freagairt le ✓ no ✗
- Cleachd freagairtean ioma-thaghach
- Bi fosgailte ri freagairtean ris nach biodh dùil
- Cuir ann aon cheist co-dhiù a leigeas le neach a bheachd fhèin a thoirt seachad
- Feuch a-mach e
- Taidhp e



3. A' cur a' cheisteachain an gnìomh

- Dèan lethbhreacan dheth
- Cleachd peansailean is clàran ris an greimich na ceisteachain
- Tagh cò dha a tha thu a' dol a thoirt a' cheisteachain
- Bi modhail ri daoine
- Faigh cead airson faighinn a-mach à clasaichean



4. A' cleachdadh toradh nan ceisteachan

- Beachdaich air ann am buidheann
- Ciamar a chlàradh tu fiosrachadh?
- Ciamar a chlàradh tu beachdan?

5. An do chleachd mi ceistean?

'Dùinte' ach am faigh mi fiosrachadh?



'Fosgailte' ach am faigh mi beachdan?



a' rannsachadh geàrr-iomradh air daoine



Gus faighinn a-mach dè tha daoine a' smaoinneachadh, feumaidh tu ceistean a chur orra.

- Tha na companaidhean a bhios a' dèanamh bhiadhan airson faighinn a-mach mu dhòigh-beatha dhaoine
- Nuair a bhios iad a' leasachadh bathar ùr, bidh iad a' cleachdadh geàrr-iomraidhean air daoine gus an cuideachadh gus tighinn gu co-dhùnadh mu dè nì iad
- Tha fhios aig mòr-bhùthan dè an seòrsa bathair a chòrdas ri teaghlach le bhith a' cumail suas ri dè na biadhan a tha iad a' ceannach gach seachdain
- Tha a' mhòr-chuid againn a' ceannach an aon sheòrsa bhiadhan gach seachdain
- Le bhith a' cleachdadh an fhiosrachaidh seo, tha fhios aig na companaidhean a bhios a' dèanamh bhiadhan dè an seòrsa bathair bìdh a nì iad airson luchd-cleachdaidh sònraichte

Gu h-ìosal, chì thu eisimpleir de gheàrr-iomradh a fhreagradh air peinneanair aon latha gach seachdain.



- **A' togail a' pheinnsein**
- **A' coinneachadh ri caraid airson cupa cofaidh**
- **A' pàigheadh chunntasan**
- **A' dol dha na bùthan a cheannach biadh**
- **Buidseat beag airson biadh**
- **A' ceannach biadh a tha airson aon neach**
- **A' ceannach bhiadhan a tha furasta a chòcaireachd**
- **Feumaidh stuth pacaidh a' bhìdh a bhith furasta fhosgladh**



a' rannsachadh a' sgrìobhadh nan rannsachaidhean

- Tha e cudromach gum bi sgoilearan air an oideachadh mu mar a sgrìobhas iad an rannsachaidhean is mar a nì iad an co-dhùnaidhean
- Feumaidh an cànan a chleachdar airson puing a dhearbhadh ceangal soilleir a dhèanamh eadar toradh an rannsachaidh is an co-dhùnadh



EISIMPLEIREAN

Dealbh is dèan brot air choreigin

Rannsachadh

Dhealbh mi ceisteachan gus faighinn a-mach dè na glasraich air an robh deugairean measail

Thug mi an ceisteachan dhan a h-uile clas S1/S2 san sgoil

Toraidhean

Bhon bhuidheann de dheugairean a rannsaich mi, fhuair mi a-mach:

Gur e tomàtothan, buntàta is currain na 3 glasraich a b' fheàrr leotha

Gur e uinneanan, peasraichean is currain gheala bu lugha a bha a' còrdadh riutha

Co-dhùnaidhean

→ Cò-dhùnadh 1

Air sgàth seo, feumaidh mi cuid den ghlasraich sin no measgachadh de thomàtothan, buntàta is/no currain a chur sa bhrot a dhealbhas mi

→ Cò-dhùnadh 2

Seo an t-adhbhar airson uinneanan, peasraichean is currain gheala a sheachnadh nuair tha mi a' dealbh 's a' dèanamh a' bhrot agam





sanasachd

dè tha ann an sanasachd?



Tha sanasachd a' toirt seachad fiosrachadh mu bhathar is mu sheirbheisean agus ag amas air adhbharan a thoirt dhan luchd-ceannaich airson rudan a cheannach. Feumar sanasachd a dhèanamh air bathar ùr ach am bi fios aig daoine gu bheil e ann.

Bu chòir do shanasan amas air an fheadhainn as coltaiche am bathar a cheannach agus am fiosrachadh a dh'fheumas iad a thoirt dhaibh.

**Tha far am bi bathar ga shanasachd an urra ri na leanas:**

- An luchd-amais sònraichte – dè tha iad a' leughadh is a' coimhead no cò ris a tha iad ag èisteachd? me, bithear a' sanasachd gràn bracaist ùr do chloinn air telebhisean feasgar nuair a tha prògraman chloinne air
- Na tha de dh'airgead ri fhaotainn airson a' phròiseact
- Dòighean eile: tairgsean sònraichte – tiogaidean èarlais no 50% a bharrachd an-asgaidh
 - Tiodhlacan – dèideag bheag/leabhar (ann an gràn-bracaist)
 - Farpaisean

Tha an clàr-cearcaill gu h-ìosal a' sealltainn na h-ìre sa cheud de gach seòrsa sanasachd a thathar a' cleachdadh san Rìoghachd Aonaichte.


taigh-dhealbh 2%

postairean 2%

rèidio 2%

telebhisean 32%

pàipearan is irisean 62%





sanasachd

ciamar a tha bathar bìdh
ga shanasachd?**Tha dòighean eadar-dhealaichte ann air bathar a shanasachd is a chur fa chomhair an t-sluaigh:**

- Sanasan air telebhisean, air an rèidio is anns an taigh-dhealbh
- Pàipearan-naidheachd is irisean
- Postairean ri taobh an rathaid, ann am bùthan is togalaichean
- Taisbeanaidhean ann am bùthan is margaidean
- Farpaisean
- Bileagan gan cur a-mach air na sràidean is gu dachaighean dhaoine

**'Fon loidhne' – anns an t-seòrsa sanasachd seo tha:**

- Ga chur tron phost
- Farpaisean
- Urrasachd
- A' blasad air bathar sa bhùth
- Sanasachd far a bheilear a' reic a' bhathair
- Ga chur tro dhorsan dhaoine

Smaoinich air dà shanas bìdh a chì thu an-dràsta.

Cuir crìoch air a' chlàr gu h-ìosal.

	Sanas 1	Sanas 2
Tuairisgeul den bhathar		
Cò às a tha an sanas?		
Dè am buidheann air a bheil am bathar ag amas?		
Dè an teachdaireachd a tha aig an t-sanas?		
Nad bheachd-sa, carson a tha an sanas seo math (no dona)?		
An ceannaicheadh tu am bathar?		

A-nis, dèan an ath dhuilleag. Dè na rudan a tha a' toirt buaidh ort nuair a tha thu a' ceannach rud?

Freagairt



sanasachd

ceannaich!

ceannaich!



Dè cho cudromach 's a tha na h-eileamaidean a leanas nuair a tha thu a' ceannach bathar? Dèan tomhas air gach eileamaid leis na h-àireamhan 1-10 (am fear as cudromaiche = 10)

Tha e a' coimhead math

1 2 3 4 5 6 7 8 9 10

Tha mòran sanasachd air a dhèanamh air

1 2 3 4 5 6 7 8 9 10

Mhol caraidean e dhomh

1 2 3 4 5 6 7 8 9 10

Mhol an iris Which? e

1 2 3 4 5 6 7 8 9 10

Tha rudan a bharrachd a' dol leis

1 2 3 4 5 6 7 8 9 10

'S e as saoire

1 2 3 4 5 6 7 8 9 10

Tha barantas a' tighinn còmhla ris – anns a' chiad dà mhìos gheibh thu d' airgead air ais

1 2 3 4 5 6 7 8 9 10

Tha e a' tighinn bho bhùth ionadail

1 2 3 4 5 6 7 8 9 10

Tha feartan aige air a bheil feum agam

1 2 3 4 5 6 7 8 9 10

Dh'fhaodainn a thoirt leam dhachaigh an-diugh

1 2 3 4 5 6 7 8 9 10

Dh'fhaodainn a cheannach 's ga ath-reic

1 2 3 4 5 6 7 8 9 10

Bha an neach-reic comasach air na ceistean agam a fhreagairt

1 2 3 4 5 6 7 8 9 10

(Comhairle bheag: bu chòir dhut liosta de cheistean a sgrìobhadh mus tèid thu do bhùth. Mura bi sin agad, 's dòcha gun diochuimhnich thu rudeigin fhaighneachd)



sanasachd

ciamar a tha bathar bìdh
ga shanasachd?

Tha Ùghdarras Inbhe Sanasachd a' cumail smachd air sanasachd san Rìoghachd Aonaichte. 'S e buidheann neo-eisimeileach a tha ann a tha a' cumail sùil air riaghailtean-obrachaidh a chuireadh air bhonn le gnìomhachas sanasachd. Bidh am buidheann cuideachd a' dèiligeadh ri gearainean mu shanasan meallta.



Carson a tha feum air smachd a chumail air sanasachd?



Suaicheantas Ùghdarras Inbhe Sanasachd



faclair

glasraich mheacanach	-	root vegetables
stuthan	-	ingredients
lus an rìgh	-	thyme
slàn-lus	-	sage
meannt	-	mint
peirsill	-	parsley
teile	-	lime
tuar	-	hue
fiamh-dhath	-	tint
dreach	-	shade
daileagan	-	dates
braoileagan	-	cranberries
meud	-	size
cumadh	-	shape
ciad-fàthan	-	senses
gall-chnò	-	walnut
taiseachd	-	moisture
sìol crom-luis	-	poppyseeds
sanasachd	-	advertising
tuairisgeul	-	description
teachdaireachd	-	message
smachd air mathas	-	nutrition control
tùs-samhail	-	mould

clàr-mìneachaidh

atharrachadh	eadar-dhealachadh a thig air rud
beachd-smuain	rud air an smaoinich thu nuair a tha d' inntinn air cuspair
blasaichear	stuth a bheir blas do bhiadh
bodhaig	na pàirtean uile de neach no beathach; corp
bunaiteach	riatanach
ceapaire	dà phìos arain no roile le feòil no eile
cofhurtachd	an ìre gu bheil rud cofhurtail
crìochan	gnothaichean a bheir buaidh air an obair a nì thu
cùramach	faiceallach
deasachadh	faighinn deiseil airson rud a dhèanamh
didseatach	a chleachdas àireamhan airson fiosrachadh a thoirt seachad
duilgheadasan	rudan duilich a choinnicheas tu nad obair
fiosrachadh riatanach	rudan air am feum fios a bhith agad
fùdarach	coltach ri pùdar
glasraiche	neach a dh'itheas lusas is measan a-mhàin
gnìomhachas	obair dèanamh agus malairt
gourmet	ìre àrd de chòcaireachd
iomlaid	rud a' dol an àite rud eile
iomlan	rud gu lèir
measadh	dèanamh a-mach dè cho math 's a dh'obraich rud
measgachadh	stuthan air an cur còmhla
mìlseag	rud milis a ghabhas tu aig deireadh lòn
mothachadh	a' faicinn, a' faireachdainn no a' blasad air rud

clàr-mìneachaidh

sanasachd	dòigh air innse do dhaoine mu rud, 's dòcha air postairean no air sanas TBh, airson gun ceannaich iad e
seòrsa	gnè rud no rudan
sgèadachadh	obair a nì rud nas brèagha no nas dathte
slaopach	steigeach, bog
sònrachadh	puingean sònraichte a tha air an cur a-mach a thaobh obair
spìosradh	stuth a bheir blas do bhiadh
stiùireadh	fiosrachadh a dh'innseas dhut mar a nì thu rud
suaicheantas	ìomhaigh a tha a' riochdachadh companaidh
sùgh	lìonn a thig à measan, glasraich no biadh eile
teachdaireachd	naidheachd no fios a chuireas neach gu neach eile
teòthachd	cho teth 's a tha rud
tòcadh	èirigh no at a thig air rud
toradh/toraidhean	buil/builean, na thig à iomairt no obair
tuairisgeul	ìomradh air rud, ag innse cò ris a tha e coltach
uidheam	inneal a chleachdas tu airson rud a dhèanamh
urrasachd	taic a bheir companaidh do bhuidheann leithid sgioba ball-coise, agus gheibh an companaidh fhèin sanasachd ri linn